

# Ro-innleachd air teas ann an togalaichean

A' ruigsinn Cothromachadh-carboin ann an togalaichean  
na h-Alba



Scottish Government  
Riaghaltas na h-Alba  
[gov.scot](http://gov.scot)

# **Ro-innleachd air teas ann an togalaichean: Sgrìobhainn Geàrr- chunntais**

An Dàmhair 2021

## **1. Ro-ràdh**

Tha an Ro-innleachd seo a' mìneachadh nan ceuman a ghabhas sinn gus eimiseanan bho thogalaichean na h-Alba a lùghdachadh agus gus cur às do dhroch choileanadh lùths mar adhbhar airson bochdainn connaidh. Tha i a' cur air adhart slighe gu togalaichean gun charbon ro 2045 agus tha i a' cur air adhart sleath de ghniomhan san ùine ghoirid agus gealltanasan san fhad-ùine gus gluasad air adhart nas luaithe le cruth-atharrachadh air stoc thogalaichean an nàisein. Tha i a' mìneachadh nam prionnsabalan a chuireas sinn an sàs gus dèanamh cinnteach gun cùm na prògraman libhridh teas gun eimiseanan againn ris na h-amasan againn a thaobh bochdainn connaidh.

### **Lèirsinn**

'S e an lèirsinn againn gum bi na dachaighean is togalaichean againn nas glaine, nas uaine agus nas phasa teasachadh ro 2045, agus nach bi iad a' cur ri atharrachadh na gnàth-shìde, mar phàirt den għluasad nas fharsaing gu cothromachadh-carboin. Fo na targaidean reachdail againn a thaobh eimiseanan, feumaidh sinn cothromachadh-carbon a ruigsinn a thaobh eimiseanan gasaichean an taighe-ghlainne ro 2045, le targaidean eadar-mail gum feum lùghdachadh 75% a bhith ann ro 2030, agus 90% ro 2040.

Tha na targaidean bochdainn connaidh reachdail againn a cheart cho àrd-amasach, le targaid nach bi barrachd air 5% de dhachaighean bochd a thaobh connaidh, nach bi barrachd air 1% ann am fior bhochdainn connaidh agus nach bi a' bheàrn bochdainn connaidh nas mothà na £250 (ann am prìsean 2015). Mar sin, tha e deatamach airson eadar-ghluasad cothromach, agus sinn a' gabhail cheuman gus eimiseanan a ghearradh bho dhachaighean na h-Alba, gun dèan sinn e ann an dòigh a tha a' cumail taic ri, agus a' cur an comas, a bhith a' cur às do bhochdainn connaidh.

### **A' Cruthachadh na Ro-innleachd air Teas ann an Togalaichean**

Tha an Ro-innleachd Teas ann an Togalaichean a' daingneachadh na dòigh-obrach àrd-amasaich againn a thaobh eadar-ghluasad gu teas gun eimiseanan, a' crìochnachadh an dreachd a chaidh fhoillseachadh airson co-chomhairleachadh sa Ghearran, agus tha i na bunait làidir airson an eadar-ghluasaid teas ann an Alba.

Thug luchd-freagairt dhan cho-chomhairle san fharsaingeachd taic dhan lèirsinn agus do na gniomhan a tha air am mìneachadh san dreachd Ro-innleachd agus gu ìre mhòr ag aontachadh le gealltanasan Riaghaltas na h-Alba, a bha air am faicinn gu farsaing mar dheagh cheum air adhart. Tha an Ro-innleachd seo na cothrom a bhith a' cleachdadh mòran den lèirsinn a chaidh a thogail tron cho-chomhairle, agus cumaidh sinn oirnn a' cur nam

beachdan ùra a mhol luchd-freagairt a-steach do na poileasaidhean agus na prògraman againn.

Tha an Ro-innleachd na bunait dhan obair leantainnich againn:

- Tha sinn air aontachadh Ro-innleachd Lùths ùraichte fhoillseachadh agus cuideachd Plana Eadar-ghluasad Lùths Cothromach fhoillseachadh as t-Earrach 2022. Tro bhith a' dèanamh seo curidh sinn gleans a bharrachd air ar dòigh-obrach a thaobh teas ann an togalaichean, a' dèanamh cinnteach gum bi sealladh coileanta againn air an t-siostam gu lèir, agus a' leabachadh nam poileasaidhean againn a tha a' sìor-fhàs taobh a-staigh na dòigh-obrach nas fharsainge againn a thaobh a bhith a' lìbhrigeadh eadar-ghluasad cothromach.
- Cuiridh sinn an dòigh-obrach againn a thaobh cur às do bhochdainn connaidh ann an Ro-innleachd na Bochdainn Connaidh ro dheireadh 2021.
- Cruthaichidh sinn Ro-innleachd Com-pàirteachaidh Phoblach sònraichte airson teas ann an togalaichean gus mothachadh a thogail mun taic agus mu na seirbheisean comhairleachaidh a tha rim faighinn agus gus ùrachaidhean dachaigh a bhrosnachadh.
- Cuiridh sinn an dòigh-obrach againn a thaobh teas sna h-eileanan agus ann an suidheachaidhean dùthchail iomallach ann an Ro-innleachd Lùths nan Eilean againn a tha gu bhith ann ann an ùine nach bi fada.
- Nì sinn Plana Lìbhrigidh Sèine-sholar le fòcas air cur ri èifeachdas lùtha agus teas gun eimiseanan ann an sèine-sholair nan togalaichean ann an Alba.
- Stèidhichidh sinn Buidheann-obrach Ionmhais Teas Uaine ro dheireadh na bliadhna seo.

### **Lìbhrigeadh**

Tha prògram àrd-amasach de thasgadh de cho-dhiù £1.8 billean tron Phàrlamaid seo aig cridhe lìbhrigeadh na lèirsinn againn. Bheir sinn seachad barrachd maoineachaidh am-bliadhna airson prògraman lùths dachaigh agus airson ceuman gus droch èifeachdas lùths a lùghdachadh mar dhràibhear bochdainn connaidh, agus tha sinn a' riarachadh £200 millean airson pròiseactan èifeachdas teas is lùths ann an taigheadas sòisealta thairis air a' Phàrlamaid seo.

Tha sinn air gealltann Buidheann Lùths Phoblach a stèidheachadh gus an cruth-atharrachadh ann an cleachdadh teas agus lùths ann an dachaighean a luathachadh. Gus seo a choileanadh, bidh raon-ùghdarrais aig a' Bhuidheann gus tuigse agus mothachadh a' phobaill àrdachadh, gus lìbhrigeadh tasgadh a cho-òrdanachadh agus gus lìbhrigeadh riaghaltas nàiseanta, roinneil agus ionadail de dhì-charbonachadh teas agus

sgaoileadh èifeachdas lùtha a cho-òrdanachadh, ag obair gu dlùth ri compàrtichean poblach, priobhaideach agus san treas roinn. Stèidhichidh sinn a' Bhuidheann an toiseach mar bhuidheann bhiortail agus gluaisidh sinn gu buidheann shònraichte ron t-Sultain 2025. Tha sinn air tòiseachadh air fianais a chruinneachadh gus taic a chumail ri bhith a' co-dhùnadh air sgòp agus dleastanasan na Buidhne.

Bidh tasgadh priobhaideach a bharrachd a dhìth gus a lìbhrigeadh san fhad-ùine. Bidh an Ro-innleachd seo a' coimhead air na slighean maoineachaидh is ionmhais a tha rim faighinn mar-thà agus air far a bheil barrachd obrach a dhìth – le Buidheann-ghniomha Ionmhais Teas Uaine ùr gu bhith air a stèidheachadh gus taic a chumail ri seo ro dheireadh na bliadhna seo.

### **Gníomhan le Riaghaltas na RA**

Ged a tha sinn a' gabhail cheuman ann an raointean far an urrainn dhuinn, chan eil na cumhachdan uile againn a tha a dhìth gus an t-eadar-ghluasad gu teas gun eimiseanan a lìbhrigeadh. Feumaidh Ro-innleachd Teas is Togalaichean na RA, air an robh dàil, mìneachadh mar a chleachdas an RA a cumhachdan riaghlaidh agus poileasaidh gus teicneòlasan teas gun eimiseanan a chur an sàs gu luath agus gus dèanamh cinnteach gur e teas gun eimiseanan an roghainn as cosg-èifeachdaiche.

Cumaidh sinn oirnn a' cur iompaidh air Riaghaltas na RA gus gluasad gu h-èiginneach, agus aig an aon àm, nì sinn a h-uile rud as urrainn dhuinn leis na cumhachdan againn gus adhartas a għluasad air adhart nas luaithe ann an dòigh a tha cothromach.

## **2. Slighe air adhart airson Dachaighean agus Togalaichean na h-Alba airson 2045**

### **Meud an dùbhlain**

Tha e deatamach gun dèanar leasachadh air èifeachdas lùths thogalaichean gus an gabh teasachadh gun eimiseanan a sgaoileadh. Far a bheil e comasach gu teicnigeach agus gu laghail agus far a bheil e cosg-èifeachdach, bu chòir ire mhath de èifeachdas lùtha a bhith aig a' mhòr-chuid mhòir de thogalaichean ro 2030. Airson dachaighean bidh seo co-dhiù co-ionann ri Bann C aig EPC, leis a h-uile dachaigh a' coileanadh na h-ire seo co-dhiù ro 2033.

Tha ceuman èifeachdas lùths nan ceuman ro-chudromach a dh'fheumar a għabha il-mus tèid tòrr shiostaman gun eimiseanan a chur an sàs agus tha iad ro chudromach gus taic a chumail ri taighean agus gniomhachasan gus na cosgaisean lùths aca a lùghdachadh an-diugh. Ach, cha lùghdaich iad eimiseanan gu leòr leotha fhèin gus na targuidean lùghdachaídha a thaobh eimiseanan a choileanadh.

Gus na targaidean gnàth-shìde againn a choileanadh, feumar eimiseanan bho theas ann an togalaichean a lùghdachadh 68% ro 2030 an taca ri 2020. Tha seo a' ciallachadh gum feum a' mhòr-chuid mhòr de na 170,000 taighean aig nach eil gas bhon lònra a tha a' cleachdadhean connaidhean fosail le ire àrd de dh'eimiseanan aig an àm seo, cho math ri co-dhiù millean taigh a tha a' cleachdadhean gas bhon lònra, gluasad gu teasachadh gun eimiseanan. Ro 2030, feumaidh sinn cuideachd mu 50,000 de na togalaichean neo-dhachaigheil a dhì-charbonachadh cuideachd.

Gus seo a choileanadh, feumaidh sinn mòr-atharrachadh a thoirt ann an astar stàladh siostaman teasachaiddh gun eimiseanan. Anns na beagan bhliadhnaichean mu dheireadh, chaidh mu 3,000 siostaman teas ath-nuadhachail a stàladh ann an dachaighean na h-Alba gach bliadhna. Gus cumail oirnn le adhartas a dh'ionnsaigh nan targaidean lùghdachaidh eimiseanan ro-innleachdail againn, feumar seo a sgèileadh suas gus an tèid co-dhiù 124,000 siostaman a stàladh eadar 2021 agus 2026. Feumaidh an reata stàlaidh èirigh gu 200,000 siostaman ùra a chur a-steach sa bhliadhna aig an ire as àirde aig deireadh nan 2020an, a tha os cionn ire ùrachaiddh àbhaisteach nan goileadairean.

### ***Teicneòlasan Ro-innleachdach***

Sna bliadhnaichean ri thighean, tha sinn a' moladh fòcas air èifeachdas lùth, pumpaichean teas ann an sgìrean nach eil air an lònra gas, agus sna sgìrean air an lònra far nach eil e buailteach atharrachadh gu haidridean, agus lònraidhean teas ann an àiteachan freagarrach. Is iad seo na pìomh chothroman agus na teicneòlasan ro-innleachdail "gun aithreachas no aithreachas ìosal" a tha rim faighinn an-diugh. Seo na fuasglaidhean teicneòlasach far a bheil a bheil ire ìosal de mhi-chinnt a thaobh chosgaisean.

### **3. Daoine**

Bheir cruth-atharrachadh air mar a theasaicheas sinn ar dachaighean agus toglaichean buaidh air beatha cha mhòr a h-uile duine a tha a' fuireach ann an Alba, le atharrachadh a dhìth sa mhòr-chuid de na toglaichean againn.

### ***Eadar-ghluasad stèidhichte air daoine***

Tha sinn a' cur ri chèile ro-innleachd com-pàirteachaidh poblach a thaobh teas ann an toglaichean le fòcas air a bhith:

- ag àrdachadh ìomhaigh èifeachdas lùtha agus teasachadh gun eimiseanan;
- a' toirt cothrom do dhaoine pàirt ghnìomhach a ghabhail ann a bhith a' toirt buaidh air poileasaidh agus culaidhean-brosnachaidh Riaghaltas na h-Alba, cho math ri planadh teas agus èifeachdas lùths aig ire ionadail; agus

- ag àrdachadh mothachadh air na seirbheisean taic is comhairleachaidh a tha rim faighinn.

Tha sinn a' tasgadh ann an leudachadh nan seirbheisean comhairleachaidh againn, agus bidh raon-ùghdarrais Buidhne Lùths Phoblach Nàiseanta a' gabhail a-steach a bhith a' toirt seachad comhairle fhiosraichte agus foghlam dhan phoball air na h-atharrachaidhean a tha a dhìth.

### **A' cur aghaidh air bochdainn connaidh**

Agus sin a' leudachadh cheumannan èifeachdas lùtha agus siostaman teasachaидh gun eimiseanan, feumaидh sinn taic a thoirt do dhaoine tron eadar-ghluasad teas, agus cumail oirnn ag obair ann an dòigh nas fharsainge gus dèiligeadh ri bochdainn connaidh. Mìnichidh sinn an dòigh-obrach nas fharsainge againn a thaobh cur às do bhochdainn connaidh ann an Ro-innleachd na Bochdainn Connaidh ro dheireadh 2021.

### **Cosgaisean ruith airson teasachadh gun eimisean sam bith**

Tha na cosgaisean ruith airson siostaman teas gun eimiseanan a' crochadh air grunn nithean, a' gabhail a-steach dè cho math 's a tha teas-ghlèidheadh an togalaich agus cho mòr 's a tha an togalach, èifeachdas an t-siostam teasachaидh, agus prìs an lùths a tha solaraichean lùths a' tabhann. Ann an cuid de chùisean, cosgaidh siostaman gun eimiseanan barrachd gus ruith na na siostaman connaidh fosail a bh' ann romhpa.

Tha ìrean àrda de dh'èifeachdas lùths deatamach gus an t-iarrtas iomlan air lùths a lùghdachadh. A bharrachd air dòighean-giùlain gus lùths a shàbhaladh, is urrainn do na gluasadan sin cuideachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil cosgaisean ruith fhathast ruigsinneach. Cumaidh sinn oirnn le dòigh-obrach structar an togalaich an toiseach oir tha e na bhunait airson sgaoileadh soirbheachail de theasachadh beag-eimiseanan is gun eimiseanan, a bharrachd air a bhith na phàirt chudromach de bhith a' dèiligeadh ri bochdainn connaidh.

Tha sinn a' creidsinn gum bu chòir ìrean nas àirde de dh'èifeachdas lùths a bhith aig taighean anns a bheil dachaighean ann am bochdainn connaidh. Tha sinn airson 's gum bi rangachadh èifeachdas lùths co-ionann ri EPC C ro 2030 agus co-ionann ri EPC B ro 2040.

Agus sinn a' toirt cruth-atharrachadh air na dachaighean agus togalaichean againn, bidh e ro-chudromach sin a dhèanamh ann an dòigh a tha fhathast a' cuideachadh gus cur às do bhochdainn connaidh agus a' dòn nan saoranach as so-leònte againn. Bidh na prionnsabalan a leanas gar stiùireadh:

***Prionnsabalan gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' co-taobhadh ri amasan a thaobh bochdainn connaidh***

1. Tha sinn air gealltann dèanamh cinnteach gun tèid cur às do dhroch èifeachdas lùths mar rud a tha ag adhbharachadh bochdainn connaidh. Mar sin, bidh leasachadh air togalaichean aig cridhe a bhith a' dì-charbonachadh thogalaichean.
2. Tha sinn ag aithneachadh gu bheil dì-charbonachadh deatamach gus aghaidh a chur ri èiginn na gnàth-shìde, agus le bhith a' dì-charbonachadh nach bu chòir dhuinn bochdainn connaidh nas motha adhbharachadh. Tha sinn a' gealltann gun toir sinn seachad cheuman gus daoine ann am bochdainn connaidh a chuideachadh gus dèiligeadh ris na cosgaisean ruith aca. Mar sin, tha e ro-chudromach, far an gabh e dèanamh gum bu chòir dhuinn taic a chumail ri ceuman a tha an dà-chuid a' brosnachadh dì-charbonachadh agus cosgaisean lùths nas isle.
3. Nì sinn measadh air na prògraman lìbhrigidh calpa airson teas ann an togalaichean a thaobh na buaidh aca air na teaghlaichean sin a tha ann am bochdainn connaidh - an dà chuid aig an stàladh agus rè am beatha-obrach. Bu chòir an measadh seo a bhith co-rèireach ris na buaidhean ris a bheilear an dùil.
4. Far an urrainn eadar-teachd cosgaisean ruith isleachadh, bu chòir cuimseachadh air taic do coinsiumairean air a bheil bochdainn connaidh cho luath 's a ghabhas, a' gabhail a-steach taic airson cosgaisean ro-làimh gus na ceuman seo a stàladh. Mar phàirt den phròiseas seo, bu chòir beachdachadh air comas nan coinsiumairean a tha ann am bochdainn connaidh gus na ceumannan seo a ghabhail, agus cuideachd air lìbhrigeadh comhairle agus taic gus dèanamh cinnteach gum faigh teaghlaichean ann am bochdainn connaidh a' bhuanachd as motha bho cheumannan ùra.
5. Cruthaichidh sinn ceuman lasachaидh a thèid a chur an sàs tro na prògraman maoineachaидh calpa againn far a bheil àrdachadh chosgaisean dearbhte ann dhan fheadhainn a tha ann am bochdainn connaidh no a tha ann an cunnart bho bhochdainn connaidh. Bu chòir measadh a dhèanamh air soirbheas nan ceuman seo gu cunbalach agus, ma tha e iomchaidh, an atharrachadh gus am bi iad a' coileanadh feumalachdan nan dachaighean sin nas fheàrr.
6. Ann an suidheachaidhean far a bheilear a' meas gun àrdaich eadar-theachdan teas gun eimiseanan cosgaisean, fiù 's às dèidh cheuman lasachaидh, bu chòir ceuman le taic bhon riaghaltas a bhith a' cuimseachadh air coinsiumairean nach eil fo chunnart bho bhochdainn connaidh.

7. Ann an cuid de shuidheachaidhean, bidh atharrachadh nas fharsainge a dhìth gus ceuman dì-charbonachadh a dhèanamh freagarrach dhaibhsan a th' ann am bochdainn connaidh, a' gabhail a-steach raoointean a tha glèidhte do Riaghaltas na RA. Cumaidh sinn oirnn a' cur iompaidh air Riaghaltas na RA a bhith a' gabhail nan ceuman a tha a dhìth ann an raoointean glèidhte agus cleachdaidh sinn an rannsachadh is gnàth-eòlas a fhuaradh tro na sgeamaichean dì-charbonachaiddh gus ar cuideachadh gus fianais iomchaidh a thogail agus gus putadh airson atharrachaidhean siostamataigeach.

8. Bu chòir conaltraidhean a bhith air an toirt seachad ann am fòrmatan a tha ruigsinneach do dh'fharsaingeachd de choinsiumairean, a' gabhail feart air sudheachaidhean agus feumalachdan ruigsinneachd eadar-dhealaichte.

### **Dòn nan coinsiumairean**

Tha buidhnean choinsiumairean air cuideam a chur air dòn choinsiumairean agus air mì-reic ann an roinn teasachaiddh gun eimiseanan agus roinn an èifeachdais lùtha mar nì a tha ag adhbharachadh dragh a tha a' sìor fhàs agus an ìre stàlaidh a' dol am meud.

Tha dòn nan coinsiumairean na chumhachd glèidhte aig Riaghaltas na RA, le dìreach cumhachdan a thaobh tagradh agus comhairle choinsiumairean air an tiomnadhl do mhinistearan na h-Alba. Agus sinn a' cumail a' dol le bhith a' cruthachadh nam poileasaidhean, riaghailtean agus sgeamaichean lìbhrigidh airson teas is èifeachdas lùths, cruthaichidh sinn an àrainneachd a tha a dhìth gus am fàs cleachdadhd air leth gu bhith àbhaisteach. A bharrachd air seo, tha dòigh-obrach fhòr-ghniomhach againn a thaobh a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig coinsiumairean air obair aig àrd-ìre (faic earrann 9 gu h-ìosal) agus tha sinn an dùil aithris fa leth fhoillseachadh a thaobh barantachd càileachd airson Ro-innleachd air Teas ann an Togalaichean againn aig deireadh 2021.

### **4. Àite**

Tha sinn a' tuigsinn gur dòcha gum bi diofar choltas air an eadar-ghluasad a thaobh teas ann an diofar choimhearsnachdan agus gum feum dòighean-obrach sònraichte a bhith ann do dhiofar àiteachan. Tha e cudromach gun toir coimhearsnachdan ionadail buaidh air co-dhùnaidhean agus gum bi iad an sàs ann an co-dhùnaidhean, anns na fuasglaidhean as iomchaidh dhan sgìre ionadail aca.

### ***Ro-innleachdan Teas agus Èifeachdas Lùths ionadail***

Thèid am plana san ùine-fhada airson a bhith a' dì-charbonachadh teas ann an toglaichean agus a' leasachadh an èifeachdais lùths aca thairis air sgìre ùghdarrais ionadail gu lèir a mhìneachadh ann an Ro-innleachdan LHEES.

Bidh Planaichean Lìbhrigidh a' dol leis na Ro-innleachdan, a thèid a chruthachadh ann an co-bhann le prìomh luchd-ùidh agus a bhios nam bunaitean làidir airson gnìomhachd airson coimhearsnachdan ionadail, an riaghaltas, luchd-tasgaidh, luchd-leasachaидh agus luchd-ùidh san fharsaingeachd, a' comharrachadh àiteachan airson eadar-theachd cuimsichte agus airson ceuman aithreachas iosal a chur an sàs aig ìre thràth.

### **Siosam Planaidh na h-Alba**

Agus sinn ag ath-nuadhachadh an Fhrèam-obrach Planaidh Nàiseanta againn, a bhios a' gabhail a-steach Poileasaidh Planaidh na h-Alba san àm ri teachd, bidh sùil againn ri taic nas treasa a thoirt do leasachaidhean seasmhach beag-charbon/gun charbon, a' gabhail a-steach dhòighean gus teasachadh agus cruthachadh is sgaoileadh dealain gun charbon a chur an comas.

### **5. A' deisealachadh Bun-structar Lùths na h-Alba airson Teas air a Dhì-charbonachadh**

Bheir dì-charbonachadh teas atharrachadh mòr air an dòigh sam bith sinn a' cleachdad a' bhun-structar lùths làithreach agus bheir e buaidh air far an cruthaich sinn bun-structar ùr, a' gabhail a-steach lìonraidhean teas, ùrachaidhean air lìonraidhean lùths agus comas gus dealan a bharrachd a chruthachadh.

Bidh sinn a' toirt cruth-atharrachadh air an dòigh sam bi sinn a' teasachadh nan dachaighean is nan togalaichean neo-dhachaigheil againn aig an aon àm 's a bhios sinn a' dì-charbonachadh còmhdhail agus gnìomhachas. Tha e cudromach gum bi sinn a' beachdachadh agus a' stiùireadh nam buaidhean sin ann an dòigh iomlanach. Foillsichidh sinn Ro-innleachd Lùths agus Plana Eadar-ghluasad Cothromach airson co-chomhairleachadh as t-Earrach 2022.

### **Siosam an dealain**

Bidh cuibhreann tòrr nas mothà den iarrtas airson dealain air a thoirt seachad le dealain ro 2030 an tacà ris an latha an-diugh. Gus an t-atharrachadh seo a lìbhrigeadh ann an dòigh a tha seasmhach, air prìs ruigsinneach agus a tha beag-charbon, feumar dèanamh cinnteach gu bheil gu leòr dealan beag-charboin ga dhèanamh ann an Alba, gu bheil na lìonraidhean dealain againn comasach air an dealan sin a lìbhrigeadh, agus gu bheil sùbailteachd gu leòr ann gus solar agus iarrtas a chothromachadh.

A chionn 's gu bheil poileasaidh agus riaghladh dealain glèidhete do Riaghaltas na RA, tha e deatamach gun gabh Riaghaltas na RA agus Ofgem ceuman gus dèanamh cinnteach gun tèid taic a thoirt do chruthachadh dealan ath-nuadhachail agus gus a chur an comas. Cumaidh sinn oirnn a' feuchainn ri daingneachadh fhaighinn bho Riaghaltas na RA agus bho

riaghlaiche an lùths air na ceuman a ghabhas iad gus dèanamh cinnteach gun coileanar am feum seo.

Cuiridh a bhith a' dealanachadh deagh chuibreann den teas againn san deichead seo gu mòr ris an uiread de dhealain a dh'fheumas na lìonraidhean dealain ionadail againn a lìbhrigeadh do thogalaichean. Cumaidh sinn oirnn ag obrachadh le companaidhean lìonraidhean-sgaoilidh (*distribution network operators - DNOthan*) agus iad ag ullachadh nam planaichean gnothachais mu dheireadh a thèid a chur a-steach san Dùblachd am-bliadhna. Tha sinn air com-pàirteachas Ro-innleachdail airson Dealanachadh Teas a chur air dòigh leis na DNOthan Albannach mar fhòram airson co-obrachadh.

### **Lìonraidhean gas**

Gus na targaidean eimiseanan againn a choileanadh, feumaidh sinn cleachdad gas nàdarra a lùghdachadh agus an uair sin sgur a bhith ga chleachdad gu tur mean air mhean. Ro 2030, feumaidh millean dachaigh gluasad gu teas gun eimiseanan.

Le bhith a' co-measgachadh roghainnean an àite gas nàdarra san lìonra gas – biomethane aig an àm seo, ach haidridean cuideachd san àm ri teachd, bidh lùghdachaidhean air sgaoilidhean san ùine ghoirid, agus cuidichidh seo gus siostaman lìbhrigidh a thogail a dh'fhaodadh a bhith comasach air cur às do ghas nàdarra buileach glan aig a' cheann thall. Thairis air an deichead seo, feumaidh sinn barrachd biomethane fhaicinn san lìonra gas againn. Obraichidh sinn le Riaghaltas na RA agus le com-pàirtichean pròiseact ann an Alba gus an tasgadh as mothà 's a ghabhas a dhèanamh fo Sgeama Taic Gas Uaine na RA.

Tha sinn ag obair le roinn lìonra a' ghas agus le Riaghaltas na RA gus coimhead air cothroman gus haidridean a cho-measgachadh ann an lìonra gas na RA. Tha sinn a' cumail sùil air buannachdan agus cosg-èifeachdas bho bhith a' co-mheasgachadh barrachd haidridein aig ire Bhreatainn. Tha Poileasaidh Haidridein Riaghaltas na h-Alba' a' mìneachadh na lèirsinn farsaing againn airson haidridean ann an Alba.

Tha Riaghaltas na RA an urra ri riaghladh an lìonraidhean gas. Tha sinn a' cur impidh air Riaghaltas na RA agus air an riaghladair gus atharrachaidhean ri riaghladh a luathachadh gus barrachd co-mheasgachadh gas a chur an comas.

San fhad-ùine, ma tha deuchainnean agus cùis shàbhailteachd shoирbheachail ann, dh'fhaodadh a bhith a' tionndadh phàirtean den lìonra gas gus 100% haidridean a ghiùlan cuideachadh gu mòr gus eimiseanan a lùghdachadh gu cha mhòr neon. Ma tha haidridean gu bhith a' cuideachadh gus an amas againn teasachadh gun charbon a bhith againn ro 2030, feumar tobraichean de haidridean beag-charbon agus ath-

nuadhachail a chruthachadh gu luath, a bharrachd air atharrachadh air an lìonra fhèin gus haidridean a chleachdad. Fiosraichidh an obair againn leis an roinn an Ro-innleachd Lùths agus Plana Eadar-ghluasad Cothromach againn, anns am mìnich sinn na roghainnean agus clàraighean-ama ann am barrachd doimhneachd.

### **A' cruthachadh suidheachadh a bhrosnaicheas fàs ann an lìonraidhean teas ann an Alba**

Cumaidh sinn oirnn a' cumail taic ri cleachdad lìonraidhean teas ann an Alba. Tha Achd nan Lìonraidhean Gas (Alba), a chaith aontachadh gu h-aona-ghuthach le Pàrlamaid na h-Alba, aig cridhe nan oidhirpean<sup>ii</sup>. Bheir e ùine an làn siostam riaghlaidh a stèidheachadh agus dh'fhaodte gum feumar a dhèanamh mean air mhean gus leigeil le gnìomhachas nan lìonraidhean teas atharrachadh a rèir nan riatanasan ùra. Tha sinn fhathast gu mòr airson a bhith ag obair le roinn nan lìonraidhean teas fhad 's a tha sinn a' cruthachadh riaghailtean mionaideach agus tha sinn ag amas air siostam riaghlaidh a chur an gnìomh, às dèidh co-chomhairle phoblach, ro 2024.

Cumaidh sinn oirnn a' toirt taic do lìonraidhean teas tro na prògraman maoineachaидh is lìbhrididh againn, mar eisimpleir am prògram a thèid a chur an àite Prògram Eadar-theachd Beag-carboin a' Bhun-structair (Low Carbon Infrastructure Transition Programme - LCITP), agus Maoin lasaid an Teasachaidh Sgireil (District Heading Loan Fund - DHLF).

Gus tasgadh ann an lìonraidhean teas a bhrosnachadh, tha sinn air lasachadh 90% air reataichean neo-dhachaigheil a thoirt a-steach gus 31 Màrt 2024 airson lìonraidhean ùra a tha air an ruith bho thobraighean ath-nuadhachail. Tha seo a' dol nas fhaide na an lasachadh 50% a th' ann mar-thà airson lìonraidhean gas.

Tha e deatamach gun cruthaich sinn margadh seasmhach airson lìonraidhean teas anns an dèanar tasgadh. Tha tòrr de na nithean ann an Achd nan Lìonraidhean Teas (Alba) a tha a dhìth gus lìonraidhean teas a dhèanamh tarraingeach do luchd-tasgaidh. Tha fios againn gum feum luchd-tasgaidh a bhith misneachail mu theachd a-steach san àm ri teachd agus gus daingneachadh gum bi an t-iarrtas seo ann, feumar prìomh thogalaichean acair a bhith againn. Nì sinn co-chomhairle nas fhaide air adhart sa bhliadhna air molaidhean gus:

- toirt air toglaichean acair san roinn neo-dhachaigheil atharrachaidhean a dhèanamh gus am bi iad 'deiseil airson lìonraidhean teas', agus
- siostam nan reataichean neo-dhachaigheil a chleachdad gus toglaichean mar seo a bhrosnachadh gus lìonra teas ionadail a chleachdad.

Chruthaicheadh na h-atharrachaidhean seo a' bhunait chustamairean mòr, tèarainte agus maireannach a tha a dhìth, agus cho math ri riaghladh air an roinn san fharsaingeachd, bheir seo cothrom do lìonraidhean teas a tha seasmhach gu coimeirsealta fàs aig an sgèile a tha a dhìth gus cur ri targaidean atharrachadh gnàth-shìde na h-Alba.

Feumaidh lìonraidhean teas ùra a bhith air an ruith le tobraichean teas beag-eimisein agus gun eimiseanan, mar eisimpleir bho phumpaichean teas no teas de chòrr. Nuair a thèid riaghalaigh air roinn nan lìonraidhean teas a chur air dòigh, cha toir sinn ceud ach do lìonraidhean teas le tobraichean teas beag-eimisein no gun eimiseanan.

Tha lìonraidhean teas nam pròiseactan bun-structair a tha toinnte gu teicnigeach agus a tha feumach air farsaingeachd de dh'eòlas teicnigeach speisealach. Gus pròiseactan a chur air adhart, cuiridh sinn Aonad Taic Ro-chalpa nan Lìonraidhean Teas air bhog ann an 2021, a' cur ris an obair a bh' aig Com-pàirteachas nan Lìonraidhean Teas roimhe. Cumaidh seo taic ri loidhne-phìoba de phròiseactan air feadh na h-Alba.

## **6. A' tùiseachadh tasgadh san eadar-ghluasad**

Tha an cruth-atharrachadh air togalaichean is dachaighean na h-Alba thairis air an ath 24 bliadhna na cothrom tasgaidh mòr a chumas taic ri sòineachan-solair, ri obair agus ri eaonamaidh fhallain.

Tòisichidh Riaghaltas na h-Alba an t-eadar-ghluasad seo le co-dhìù £1.8 billean de mhaoineachadh calpa tron ath chòig bliadhna, a' toirt cothrom dhuinn ùrachaidhean èifeachdas lùths agus stàladh teasachadh ath-nuadhachail a dhèanamh nas luaithe, a' cruthachadh obraichean ùra agus cothroman sòine-sholair air feadh na h-Alba.

Cleachdaidh sinn an tasgadh againn de co-dhìù £1.8 billean gus togail air na prògraman làithreach againn agus gus an leudachadh is a leasachadh, agus gus dòighean-obrach a thoirt air adhart far a bheil seo a dhìth agus gus an tasgadh as mothà 's a ghabhas fhaighinn bho thobraichean eile. Tha sinn ag aithneachadh gum feumar co-dhùnaidhean a dhèanamh a thaobh na dòigh as fheàrr gus a' bhuaidh as fheàrr fhaighinn bhon mhaoineachadh againn. Feumaidh sinn cothromachadh fhaighinn eadar a bhith a' cumail taic ri daoine so-leònte agus a' dèanamh cinnteach nach eil iad air dheireadh air càch anns an eadar-ghluasad agus a' dèanamh adhartas follaiseach agus seasmhach anns na raointean sin far a bheil an obair as mothà againn ri dhèanamh, leithid a bhith a' meudachadh na th' ann de stàlidhean gun eimiseanan uile gu lèir.

Tha sinn a' moladh gun tèid na prògraman lìbhrigidh a th' ann mar-thà a leudachadh gus fòcas a chur air cur an gniomh nas luaithe a thaobh ceithir priomhachasan ro-innleachdail, a fhuair taic fharsaing tron cho-chomhairle, le co-dhìù £465 millean ann gus taic a thoirt dhan fheadhainn leis a' chomas

as lugha air pàigheadh tro na prògraman againn a tha ag amas air an fheadhainn a tha ann am bochdainn connaidh le còrr is £1 billean ann gus taic a thoirt do dhì-charbonachadh teas agus èifeachdas lùtha thar nam prìomhachasan ro-innleachdail eile againn.

Bidh raon-ùghdarrais na Buidhne Lùths Phoblaich Nàiseanta a' gabhail a-steach a bhith a' co-òrdanachadh tasgadh, cho math ri bhith a' co-òrdanachadh sgaoileadh nàiseanta, roinneil agus le riaghaltas ionadail de dhì-charbonachadh teas agus èifeachdas, ag obair gu dlùth le compàirtichean san roinn phoblaich, priobhaidich agus san treas roinn.

'S iad na prìomhachasan ro-innleachdail againn:

1. A' cumail taic ris an fheadhainn leis a' chomas as lugha pàigheadh
2. A' tasgadh ann an teicneòlasan ro-innleachdail ann an raointean aithreachas iosal no gun aithreachas.
3. A' taisbeanadh ceannas a thaobh cothromachadh-carboin agus a' co-roinn ionnsachadh tro bhith a' gabhail gu tràth ri teicneòlas ùr ann an prìomh raointean fòcais
4. A' tasgadh ann an tionnsgalachd agus taisbeanadh gus a' buuannachd fharpaisean againn a għluasad air adhart.

### **A' cumail taic ri sealbhadairean thaighean, uachdaran fearainn agus teanant**

Tha taic do dhaoine a għabhas ri seo gu tràth deatamach ma tha sinn gu bhith a' coileanadh nan targaidean againn. Tha sinn a' moladh gun lean sinn oirnn le iasadan gun riadh tro Home Energy Scotland, le gealltanas gun ruith sinn an sgeama airgead air ais (no grant na àite) co-dhiù gu 2023. Tha sinn air cur ris an airgead air ais a għeibhear tro cheuman gus cur ri èifeachdas thogalaichean agus gus teasachadh gun eimiseanan a stàladh. Ann an 2022/23, curidh sinn sgeama għrantāichean an àite nan ullachaidhean làithreach gus taic a chumail ri èifeachdas lùths agus leasachaidhean teas gun eimiseanan.

### **A' cumail taic ris an fheadhainn leis a' chomas as lugha pàigheadh**

Tasgaidh sinn co-dhiù £465 millean thairis air an ath chòig bliadhna gus taic a chumail dhaibhsan a th' ann am bochdainn connaidh, agus gus cur às do dhroch èifeachdas lùths mar adhbhar airson bochdainn connaidh. Thèid cur ri ruigsinnejahd nan Sgeamaichean Teas ann an Togalaichean Stèidhichte air Àite (Area Based Schemes - ABS) againn gus taic a chumail ri barrachd dachaighean a th' ann am bochdainn connaidh no a tha ann an cunnart bho bhochdainn connaidh. Tha sinn an dùil àireamh nas mothu de dh'iar-fhioṭaigeaidhean (retrofits) län-dachaigh a libħrigiead. Tha cùmhnant Warm Homes Scotland (WHS) gu bhith a' tighinn gu crìch san t-Sultain 2022 agus tha sinn a' moladh gun cuir sinn sgeama nàiseanta ùr agus leasaichte a mhaireas 7-bliadhna na àite. Tha sinn a' moladh gun gabh an dà chuid ABS agus WHS ri dòigh-obrach 'gun eimiseanan an toiseach'.

### **Taic ri iomairtean neo-dhachaigheil, beag agus meadhanach**

Bidh e comasach do ghnìomhachasan beaga is meadhanach fhathast cothrom fhaighinn air comhairle agus taic cho math ri iasadán air prìs ìosal gus na cosgaisean ro-làimh de bhith a' tasgadh ann an èifeachdas lùths agus teas gun eimiseanan a sgaoileadh. Tha sinn a' moladh gun lean na sgeamaichean airgead air ais againn (no grant nan àite) do ghnìomhachasan beaga is meadhanach gus co-dhiù 2023 gus na cosgaisean tasgaidh a lùghdachadh.

### **A' cumail taic ri coimhairsnachdan**

Cumaidh sinn oirnn le taic do choimhairsnachdan tro Sgeama Lùths Coimhairsnachd agus Ath-nuadhachail (Community and Renewable Energy Scheme - CARES). Thòisich a' chùmhant CARES làithreach sa Giblean 2021 agus ruithidh i chun a' Mhàirt 2025, agus bi fòcas nas mothà air taic a chumail ri dì-charbonachadh teas ann am pròiseactan air an stiùireadh leis a' choimhairsnachd, agus aig an aon àm, a' feuchainn ri taic is fiosrachadh a chumail ri co-dhùnaidhean aig an fheadhainn uile a tha a' gabhail pàirt ann an, no a' cruthachadh, pròiseactan lùths ionadail agus Alba a' gluasad a dh'ionnsaigh àm ri teachd le cothromachadh-carboin, agus a' cumail taic ri com-pàirteachadh ann an Ro-innleachdan Teas agus Èifeachdas lonadail (Local Heat & Energy Efficiency Strategies - LHEES).

### **An Roinn Phoblach**

Nì sinn co-chomhairle le Roinn Phoblach na h-Alba rè 2022 gus sreath de thargaidean ceumnaichte aontachadh le maoineachadh a bharrachd ri fhaighinn gus taic a chumail ri libhrigeadh nan targaidean seo - a' tòiseachadh ann an 2024, leis na togalaichean as duilge mar eisimpleir ospadalan gu bhith air an dì-charbonachadh ro 2038 - airson a h-uile togalach a tha leis a' phoball gus riatanasan teasachadh gun eimiseanan a choileanadh ro 2038. Bheir sinn a-steach inbhean Obair Chothromach mar chumha ann an cùmhant teás agus èifeachdas lùths san roinn phoblaich.

San ath Phàrlamaid, tasgaidh sinn co-dhiù £200 millean ann an togalaichean roinn phoblach na h-Alba gus cleachdad lùths a leasachadh is a lùghdachadh gus siostaman teasachaidh gun eimiseanan a stàladh. Tha sinn air aontachadh còrr is £15 millean de mhaoin chalpa a thasgadh ann am pròiseactan san roinn phoblaich.

### **Taic aig sgèile**

Tha sinn ag obair air prògram a thèid an àite ar program cliùiteach Prògram Eadar-ghluasad Beag-charboin. 'S e seo a' phriomh dhòigh a bhios againn airson teás gun eimiseanan a chur an sàs air sgèile mhòr, a' co-òrdanachadh ar taic airson a bhith a' sgaoileadh a-mach lìonraidean teás agus bun-structar teás. Gus seo a choileanadh, tasgaidh sinn £400 millean thairis air an

ath chòig bliadhna ann am bun-structar dì-charbonachaидh teas air sgèile mhòr

### ***Uachdarain Fearainn Sòisealta***

Tha Maoin Cothromachadh-carboin an Taigheadais Shòisealta a' cumail taic ri uachdarain fearainn sòisealta air feadh na h-Alba. Chuir sinn an dàrna gairm a-mach airson na maoin seo anns an Lùnastal 2021, a' gabhail a-steach sruth maoineachaидh a bharrachd le fòcas air èifeachdas lùths mar a' chiad cheum sa ghealltanais againn gus cuideachadh gus na taighean as neo-èifeachdaiche agus as daoire a theasachadh àrdachadh chun na h-ìre as àirde 's a ghabhas ann an aon cheum. Cumaidh sinn oirnn a' maoineachadh Maoin Cothromachadh-carboin an Taigheadais Shòisealta gu 2026, a' tasgadh £200 millean ann an roinn a tha air thoisearch air càch mar-thà.

### **7. Ag obair a dh'ionnsaigh frèam-obrach margaidh san fhad-ùine**

Nuair a bhios sinn a' sgèileadh suas cur an gnìomh bidh e cudromach gum bi frèam-obrach iomchaidh aig a' chruth-atharrachadh seo, a chuidicheas le bhith a' cruthachadh an iarrtais airson èifeachdas lùtha agus teasachadh beag-eimisein agus gun eimiseanan, a' cuideachadh choinsiumairean leis na cosgaisean tasgaidh ro-làimh agus a' cuideachadh le bhith a' tàladh barrachd tasgadh priòbhaideach agus ionmhas gus cuideachadh le bhith a' pàigheadh cosgaisean an eadar-ghluasaid.

Tha sinn air tuairmseachadh gur e a' chosgais chalpa iomlan gus an stoc thogalaichean againn a dhèanamh gun eimiseanan ro 2045 timcheall air £33 billean.<sup>1</sup> Bidh maoineachadh bhon roinn phoblach mar phàirt den fhuasgladh gus an cruth-atharrachadh a tha a dhìth ro 2045 a thoirt seachad, ach bidh tasgadh priòbhaideach a dhìth cuideachd gus adhartas a dhèanamh.

Cuiridh sinn Buidheann-obrach Ionmhas Teas Uaine air bhog ro dheireadh na bliadhna - moladh air an deach fàilte mhòr a chur ann am freagairtean na co-chomhairle. Cruthaichidh a' Bhuidheann Ghniomh dòigh-obrach com-pàirteachaidh ùr eadar roinn phoblach na h-Alba, eòlaichean dì-charbonachaидh agus roinn an ionmhais, agus nì i molaidhean air na diofar

---

<sup>1</sup> Cosgais ann am prìsean an latha an-diugh. Tha an tuairmse seo stèidhichte air slighe air adhart le àrd-ìre de dhealanachadh. Dh'fhaodadh gum bi na cosgaisean air an riarrachadh ann an dòigh eadar-dhealaichte (mar eisimpleir, le cosgaisean nas isle aig ìre nan toglaichean ach le cosgaisean nas fhaide suas ann an siostam an lùths). Thoir an aire gum faodadh na fior chosgaisean isleachadh le fìde le leasachadh san teicneòlas agus sgèileadh suas den mhargadh. Bu chòir a thoirt an aire gun do thuit na cosgaisean de bhith a' cruthachadh dealan ath-nuadhachail gu mòr mar-thà.

dhòighean-obrach a bu chòir do Riaghaltas na h-Alba toirt air adhart - a' co-obrachadh leis an roinn phriobhaidich.

### **A' cruthachadh suidheachadh fàbharach sa mhargadh**

Nuair a tha sinn a' cur barrachd sheòrsaichean siostam teasachaидh a-steach aig astar nas luaithe, tha e cudromach gun atharraich a' mhargaидh aig an aon àm. Chan eil an neo-chothromachadh làithreach ann an cosgaisean gas is dealain ann an co-chòrdadh ris na h-amasan cothromachadh-carboin againn agus tha seo ag obair an aghaidh daoine a bhith a' gabhail ri teicneòlasan teasachaيدh gun eimiseanan. Tha sinn a' cur an cèill do Riaghaltas na RA gum bu chòir dhaibh ceuman a ghabhail gun dàil gus prìsean lùths ath-chothromachadh gus am bi na cosgaisean ruith aig siostaman gun eimiseanan coltach ris na cosgaisean aig siostaman connadh fosail a th' ann aig an àm seo.

### **8. A' cruthachadh frèama riaghlaidh airson toglaichean gun eimiseanan**

Mar bhunait air an tasgadh againn agus gus cinnt fhad-ùine a thoirt dhan roinn agus do luchd-seilbh dachaighean, uachdarain, sealbhadairean thogalaichean neo-dhachaigheil agus dhan roinn phoblaich, bheir sinn a-steach priomh reachdas, le ùmhachadh do cho-chomhairleachadh agus na th' againn de chomas reachdachaيدh tiomnaichte, a bheir seachad an fhràm-obrach riaghlaidh airson teasachadh gun eimiseanan agus èifeachdas lùtha, agus cumhachdan bunaiteach gus taic a thoirt dhan eadar-ghluasad seo agus dhan phrògram Teas ann an Togalaichean nas fharsainge. Nì sinn conaltradh le Riaghaltas na RA mus tèid an reachdas seo a thoirt a-steach gus aonta fhaighinn air atharrachaidhean a tha dhìth sna margaidhean lùths ann an raointean glèidhete, gus dèanamh cinnteach gu bheil eadar-ghluasad cothromach ann gu teasachadh gun eimiseanan, no gus tiomadh chumhachdan a bharrachd fhaighinn leis na cumhachdan a tha a dhìth gus na h-atharrachaidhean seo a dhèanamh ann an Alba.

### **Traighean a th' ann mar-thà**

Tha sinn a' dèanamh ath-sgrùdadadh air an dòigh-obrach againn agus a' cruthachadh frèama-obrach reachdail airson èifeachdas lùths agus teasachadh a bhios: ag ath-leasachadh Teisteanasan Dèanadas Lùths; a' dèiligeadh an dà chuid ri dì-charbonachadh teas agus èifeachdas lùths; agus a' cur ri soillearachadh agus astar.

Tha a' cho-chomhairle<sup>iii</sup> againn air ath-leasachadh an EPC làithrich a' coimhead air roghainnean gus trì comharran a thoirt a-steach mar bhunait airson inbhean san àm ri teachd: comharra airson èifeachdas lùths a bhios a' moladh cheuman a dh'fheumar gabhail gus iarrtas airson teas a lùghdachadh; comharra airson eimiseanan bho theasachadh a mholas an siostam teasachaيدh as iomchaيدh; agus comharra airson cosgais teasachaيدh.

Bha fòcas aig an fhrèam riaghlaidh a chuir sinn air adhart ann am Mapa-slighe airson Alba a tha Èifeachdach a thaobh Lùths air èifeachdas lùths a-mhàin. Feumaidh sinn am frèama-obrach seo a neartachadh a-nis gus am bi e a' gabhail a-steach an dà chuid èifeachdas lùths agus teasachadh gun eimiseanan chun na h-ìre as mothas urrainn dhuinn leis na cumhachdan a th' againn. Far a bheil e a dhìth, iarraidh sinn cumhachdan a bharrachd bho Riaghaltas na RA gus seo a chur an comas. Fon fhrèam-obrach riaghlaidh ùr againn, mholamaid gum faigh mòr-chuid mhòr de na toglaichean deagh ìre de dh'èifeachdas lùths ro 2030, co-ionann ri EPC C airson dachaighean, leis a h-uile dachaigh co-dhiù a' coinneachadh ris an ìre seo ro 2033, agus gum bi siostaman teas gun eimiseanan aig gach togalach ro 2045 aig a' char as isle<sup>2</sup>.

Bheir sinn air adhart reachdas rè na Pàrlamaid seo a bhios, le ùmhachd do chomasan reachdachaidh tiomnaichte, a' gabhail a-steach molaidhean riaghlaidh gum feumar siostaman teasachaидh gun eimiseanan idir no le glè bheag de dh'eimiseanan a stàladh ann an togalaichean a th' ann mar tha – an dà chuid anns na roinnean dachaigheil agus neo-dhachaigheil.

Cumaidh an reachdas seo taic ris a' ghealltanais againn cur às dhan fheum a bhith a' cur a-steach goileadairean ùra, no goileadairean a tha a' dol an àite seann goileadairean, ann an toglaichean nach eil air an lònra gas bho 2025, agus ann an sgìrean a tha air an lònra gas bho 2030.

Bhiodh seo a' crochadh air leasachaidhean teicneòlais agus codhùnaidhean le Riaghaltas na RA ann an raointean glèidhde, leis an amas againn gun rachadh gèilleadh ri inbhe teas gun eimiseanan ùr a thoirt a-steach mean air mhean airson àiteachan far an lònra gas bho 2025 agus àiteachan air an lònra gas bho 2030. Dh'fheumadh a h-uile togalach a bhith a rèir na h-inbhe seo ro 2045.

Bhiomaid an dùil co-chomhairle a dhèanamh ann an 2022 air a' moladh gum bi inbhe teas gun eimiseanan airson gach seòrsa gabhaltas/seilbh agus air reachdas sam bith a tha a dhìth mar bhunait air seo.

---

<sup>2</sup> Faodar togalaichean ioma-ghabhalas no cleachdad measgaichte ann an cuid de shuidheachaidhean sineadh fhaighinn gu 2040-45 gus an èifeachdas lùtha aca a leasachadh agus gus siostam teas gun eimiseanan a chur a-steach, a rèir dè cho iom-fhillte 's a tha e obair a cho-òrdanachadh agus cosgaisean fhaighinn air ais eadar ioma-shealbhadair, a dh'fhaodadh fàgail gum bi feum air 'eadar-theachd airson togalach iomlan' a tha a' dèligeadh aig an aon àm ri èifeachdas lùtha agus leasachadh air siostaman teasachaидh.

### **Bun-inbhean airson èifeachdas lùths**

**Traigheadas air mhàl gu priobhaideach:** Bha sinn air gealltann roimhe riaghailtean a thoirt a-steach gus dèanamh cinnteach gun robh àiteachan-còmhnaidh anns an roinn taigheadas air mhàl gu priobhaideach aig EPC D ro 2025. Ach tha sinn ag aithneachadh gun tug buaidh leantainneach galar lèir-sgaoilte COVID-19 buaidh mhòr air taigheadas priobhaideach air mhàl. Mar thoradh air seo, tha sinn a-nis ag obair leis an roinn gus riaghailtean a thoirt a-steach ann an 2025, a' toirt air gach àite-còmhnaidh air mhàl inbhe bhunaiteach co-ionnan ri EPC C a ruigsinn ro 2028 far an gabh a dhèanamh gu teicnigeach agus gu cosg èifeachdach, le ceann latha de 2028 mar chùl-stad airson gach àite-còmhnaidh a tha air fhàgail, a rèir an stiùridh a thug an CCC seachad<sup>iv</sup>.

**Traigheadas priobhaideach sa bheil an sealbhadar a' fhireach:** Nì sinn co-chomhairle air molaidhean mionaideach airson bun-inbhean airson èifeachdas lùths airson an taigheadais priobhaidich uile sa bheil an sealbhadar a' fhireach. Thathar an dùil gum bi seo suidhichte aig ìre co-ionann ri EPC C. Tha sinn a' moladh gun toir sinn a-steach riaghailtean bho 2023-2025 air adhart, agus bu chòir gach togalach dachaighean sa bheil an sealbhadar a' fhireach an inbhe seo a choileanadh ro 2033.

**Traigheadas Sòisealta:** Tha Riaghladair Taigheadais na h-Alba ag aithris gu bheil 89% de thaighean sòisealta air mhàl air coinneachadh ris an Inbhe Èifeachdas Lùths airson Taigheadas Sòisealta (*Energy Efficiency Standard for Social Housing 2022 - EHSS1*), agus gu bheil uachdarain fearainn sòisealta ag obair a dh'ionnsaigh an dàrna clach-mhìle EESH2 airson EPC B a choileanadh, no a bhith air a mheas mar a bhith ga choileanadh, no a bhith cho èifeachdach a thaobh lùths 's a ghabhas gu prataigeach, ro dheireadh na Dùblachd 2032. Nì sinn ath-sgrùdadh air inbhe EESSH2 le sùil ri bhith ga neartachadh agus ga h-ath-thaobhadh le riatanasan cothromachadh-carboin nas fharsainge.

### **Togalaichean le diofar sheòrsaichean gabhaltais agus diofar**

**chleachdaidhean:** Airson nan togalaichean seo, dh'fhaodte gum feumar inbhean èifeachdas lùths agus teas a bhith an sàs airson an togalaich air fad seach aonadan air leth - mar eisimpleir, flataichean fa leth no ionadan coimeirsealta air a' bhun-làr taobh a-staigh teanamaint. Nì sinn co-chomhairle airson dòigh-obrach riaghlaidh a dh'fhàgadh gum biodh aig na toglaichean seo ri deagh ìre de dh'èifeachdas còmhnaidh a ruigsinn, agus gus siostam teasachaидh gun eimiseanan a stàladh. Bheir sinn riaghailtean a-steach bho 2023-25 air adhart.

### **Toglaichean Neo-dachaigheil a th' ann mar-thà**

Tha sinn a' beachdachadh air an dòigh riaghlaidh as fheàrr airson togalaichean neo-dhachaigheil, a' gabhail feart air cho eadar-mheasgte 's a tha cleachdaidhean agus feumalachdan lùths nan toglaichean. Tha sinn

an dùil co-chomhairle a dhèanamh air an dòigh riaghlaidh ann an 2022 agus gus riaghailtean a thoirt a-steach ro 2025 agus gus toirt air sealbhadairean iarrtas air teas a lùghdachadh tro leasachaidhean a thaobh èifeachdas lùths far a bheil seo comasach, agus gus siostam teasachaидh gun eimiseanan a thoirt a-steach dhan ìre a ghabhas a dhèanamh leis na cumhachdan a th' agaинн.

### **Toglaichean san roinn phoblaich**

Tha sinn airson ceannas a nochtadh sna 23,000 toglaichean san roinn phoblaich<sup>v</sup> an Alba. Cruthaichidh sinn, agus aontaichidh sinn tro cho-chomhairle sreach de thargaidean cheumaichte, a bhios a' tòiseachadh ann an 2024, leis na toglaichean as duilge, mar eisimpleir ospadalan, a bhith air an dì-charbonachadh ro 2038, agus leis a h-uile togalach a tha leis a' phoball gu bhith a' coileanadh riatanasan airson teasachadh gun eimiseanan, le cùl-stad de 2038. Bu chòir dòigh-obrach 'gun eimiseanan an toiseach' a bhith aig roinn phoblach na h-Alba a thaobh a bhith ag ùrachadh siostaman teasachaидh.

### **Puingean trigear riaghlaidh agus riaghlaidh stèidhichte air àite**

Tha grunn amannan nàdarra ann nuair a thachras atharrachaidhean ri togalach. Dh'fhaodadh iad sin a chleachdad mar thrigearan airson riaghailtean a chur an sàs, a' gabhail a-steach: atharrachadh gabhaltais (nuair a tha togalach faladh); nuair a thèid a reic; ath-nuadhachadh mòr; no ath-shuidheachadh no stàladh siostam teasachaидh ùr.

Gu tric, bidh inbhean a thig an sàs aig ìre na sealbhachd fa-leth iomchaidh. Ach, ann an suidheachaidhean far a bheil cùisean coitcheann no co-roinnt air feadh sgìre, dh'fhaodadh gum biodh e na b' iomchaidh gnìomh a dhèanamh thairis air sgìre sònraichte, mar eisimpleir: far a bheil seòrsa togalach cumanta no archetype togail; far a bheil togalaichean gabhaltais measgaichte no cleachdad measgaichte a dh'fheumas obraighean coitcheann; no far am feumar gnìomhan a ghabhail ann an grunn thogalaichean aig an aon am, airson fuasglaidhean teas coitcheann stèidhichte air sgìrean, leithid lònra teas.

Nuair a chruthaicheas sinn an dòigh riaghlaidh againn airson toglaichean, nì sinn co-chomhairle air trigearan stèidhichte air sgìre no sòn airson a dhol leis an fheadhaiinn aig ìre na sealbhachd fa leth.

### **Togalaichean ùra**

Gus dèanamh cinnteach nach fheum togalaichean ùra iar-fhiotaigeadh (retrofitting) san àm ri teachd airson a bhith gun eimiseanan, tha Riaghaltas na h-Alba a' cruthachadh riaghailtean ùra. Fo na riaghailtean seo, feumaidh gach togalach ùr, dha bheilear a' sireadh ceud togail bho 2024 teasachadh gun eimiseanan a chleachdad.

## **9. An cothrom eaconomach**

Tha a' toirt cruth-atharrachadh air na togalaichean againn tro bhith gan dèanamh nas èifeachdaiche a thaobh lùths agus gan atharrachadh gu bhith gun eimiseanan na chothrom mòr do ghniomhachasan na h-Alba thairis air an ath 24 bliadhna. Tha an t-astar a bhios a dhìth airson an eadar-ghluasad a' ciallachadh gum feum fàs susbainteach a bhith ann an sòineachan-solarie, gu sònraichte a thaobh faotainneachd luchd-stàlaidh siotaman teasachaideh is èifeachdais lùths sgileil.

### **Cothroman Eaconomach**

Uile gu lèir, tha sinn a' meas gun cumar taic ri 16,400 obraighean a bharrachd san eaconomaidh ann an 2030 mar thoradh air tasgadh ann an teas gun eimiseanan.<sup>vi</sup>

Tha sinn nar com-pàrtichean le Scottish Renewables airson Pròiseact Measaidh Luchd-obrach Teas ann an Toglaichean. Coimheadaidh seo air a' chlàr-ama a bhios a dhìth airson an fhàs riatanaich anns an luchd-obrach agus air a' cho-theacsa nas fharsainge agus air iarrtas airson sgilean ann an diofar roinnean. Bheir an aithisg beachd seachad air an dòigh as fheàrr gus taic a chumail ri daoine a tha a' gluasad a-steach gu prìomh roinnean, cho math ri fàs san fheachd-obrach tro fhastadh òigridh.

Gus cur ris a' phrògram Sèine-sholair Lùths Seasmhach againn, obraichidh sinn leis a' ghniomhachas gus Plana Lìbhrigidh Sèine-sholair Teas ann an Toglaichean a chruthachadh ron t-Samhradh 2022, le fòcas sònraichte air a bhith a' neartachadh nan sòineachean-solarie farsaing a dh'fheumar gus èifeachdas lùtha agus teas gun eimiseanan a lìbhrigeadh ann an togalaichean aig an astar agus aig an sgèile a dh'fheumas sinn.

Às dèidh beachdan fhaighinn air a' cho-chomhairle, gabhaidh sinn ri inbhean UK PAS 2035/30 airson nam prògraman lìbhrigidh, a nì cinnteach gu bheil na sgilean deatamach aig stàlaicheadan cheuman èifeachdas lùths gus an obair a tha a dhìth a dhèanamh. Beachdaichidh sinn cuideachd air frèam-obrach barantachd càileachd TrustMark ris a bheil Riaghaltas na RA a' toirt taic a chleachdadh gus dèanamh cinnteach gun gèillear ris na h-inbhean seo.

Tha sinn air matraigs airson sgilean stàladair a chruthachadh a tha sinn a' moladh fhilleadh a-steach dhan PAS 2030 agus do dh'inbhean stàladair MCS. Bheir seo seachad barrachd soillearachaidh air na teisteanasan a tha a dhìth, cho math ris na diofar shlighean gus sin a choileanadh. Tha sinn an dùil aithris poileasaidh fhoillseachadh aig deireadh 2021 a bhios a' gabhail a-steach nam molaidhean airson comharraighean càileachd agus dòn choinsiumairean.

## **10. Ag obair le Riaghaltas na h-Alba**

Cha ghabh eimiseanan bho thogalaichean a lùghdachadh gu neoni ann an dòigh chothromach tro chumhachdan tiomnaichte a-mhàin. Mar sin bidh sinn ag iarraidh air Riaghaltas na RA aon uair eile lèirsinn shoilleir a mhìneachadh anns an Ro-innleachd Cothromachadh-carboin agus san Ro-innleachd Teas is Togalaichean aige mar a thèid na margaidhean lùths ath-leasachadh gus taic a chumail ri dì-charbonachadh teas agus mar a nì Riaghaltas na RA cinnteach gun tèid cosgaisean an eadar-ghluasaid seo a cho-roinn gu cothromach.

Tha feum air farsaingeachd de dh'ath-leasachaidhean air margaidh an lùths, a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean ro-innleachdail, agus a' gabhail nan ciad cheuman riatanach gus an cur an gnìomh, a thaobh ròl an lònra gas san àm ri teachd, atharrachaidhean air na dòighean anns a bheil cosgaisean poileasaidh air an cur an sàs ann an solar lùths agus dìonan ùra air an cur an gnìomh gus cosgais a' għluasaid a cho-roinn gu cothromach thar nan coinsumentarean uile. Feumaidh culaidhean-brosnachaидh nas fheàrr a bhith aig cruthachairean dealain, cho math ri companaidhean lònraidhean agus solarachaидh, gus fuasglaidhean teas gun eimiseanan a thoirt seachad; agus feumaidh àrdachadh mòr luath a bhith air tasgadh bho Riaghaltas na RA agus bhon roinn phriobhaidich.

Anns an làn sgrìobhainn ro-innleachd, tha sinn a' cur air adhart sreath soilleir de ghniomhan riatanach a tha sinn an dùil is an dòchas a ghabhas Riaghaltas na RA. Mas e is nach gabh Riaghaltas na RA na ceuman seo, tha cunnart mòr ann nach tèid againn air na lùghdachaidhean eimiseanan ann an toglaichean a tha a dhìth a lìbhrigeadh. Tha a' Chomataidh air atharrachadh na Gnàth-shìde air mineachadh mar-thà gu bheil feum air co-òrdanachadh làidir agus air tiomnidh èifeachdach de chumhachdan is de dhleastanasan gus lìbhrigeadh a chur air adhart.

---

<sup>i</sup> Riaghaltas na h-Alba (2020) Scottish Government Hydrogen Policy Statement URL: <https://www.gov.scot/publications/scottish-government-hydrogen-policy-statement/>

<sup>ii</sup> Achd Lònraidhean Teas (Alba) 2021 <https://www.legislation.gov.uk/asp/2021/9/contents>

<sup>iii</sup> Riaghaltas na h-Alba (2021), Domestic Energy Performance Certificates (EPC) reform: consultation, URL: <https://www.gov.scot/publications/domestic-epc-reform-consultation/> Comataidh Atharrachadh na Gnàth-shìde. (2020), Policies for the Sixth Carbon Budget and Net Zero, Table 3.2, p.80., (Climate Change Committee), URL: <https://www.theccc.org.uk/wp-content/uploads/2020/12/Policies-for-the-Sixth-Carbon-Budget-and-Net-Zero.pdf> (air inntrigeadh mu dheireadh: 20/01/2021).

Tùs: Electronic Property Information Mapping Service (e-PIMS)

<sup>vi</sup> Cambridge Econometrics. (2021), The Economic Impact of Decarbonising Heating in Scotland (gu bhith air fhoillseachadh ann an ùine nach bi fada).